



CAISTEAL SHRUIGHLEA

Daingeann rìoghail, lùchairt toil-inntinn, gearastan rèisimidean – is iomadh ròl a bh' aig Caisteal Shruighlea tro linntean de dh'eachdraidh na h-Alba.

Air fhaicinn air gach taobh fad mhiltean, bha Caisteal Shruighlea am measg nan ionadan-còmhnaidh rìoghail as motha a bh' ann. Tha e an dà chuid na dhaingeann làidir agus na shàr-eisimpleir de dh'obair ghrinn ailtireachd Renaissance.

Dh'fhàg tòrr ghinealaichean de luchd-rìoghail an rian air a' Chaisteal – a' sìorchur ris, 's gach togalach ùr na bu ghrinne na chèile, mar chomharradh maireannach an linn riaghlaidh. Ghabh banrighean leanabach is rìghrean gaisgeach tlachd as gach cofhurtachd is annas sa chaisteal.

Do Mhàiri, Banrigh nan Albannach, bha e na thèarmainn o nàimhdean 's i òg, agus àite-baistidh a mic Seumas an deidh treis, a dh'fhàs suas agus a rinn aonadh crùin na h-Alba is Shasainn.

'S e Caisteal Shruighlea aon de na 345 làraichean eachdraidheil a tha fo chùram Alba Aosmhor, àireamh a ghabhas a-staigh seana-bhailtean roeachdraidh is lùchairtean, nam measg cuid de shàr-ionadan-tadhail na dùthcha.

Gheibhear fios aig www.historic-scotland.gov.uk

FIOSRACHADH SAN FHARSAINGEACHD

A' faighinn ann: Suidhichte aig ceann Baile Aosta Shruighlea far rathad an M9, snaim-rathaid 9 no 10. Bidh seirbheis bus Parcaidh & Giùlain a' dol o Shealladh a' Chaisteil, pios beag far snaime 10.

Fosgailte: Fad na bliadhna, 7 latha san t-seachdain. 1 Giblean-30 Sultainn 9.30m gu 6f. 1 Damhair-31 Màrt 9.30m gu 5f. Gheibhear an ticead mu dheireadh 45 mionaidean ro àm-dùnaidh. Dùnaidh Taigh-Tasgaidh nan Rèisimidean 45 mionaidean ron chaisteal. Dùinte Latha Nollaig agus Latha Fhèill Stiofan.

Conaltradh: Fòn: 01786 450000, post-d hs.stirlingcastle@scotland.gsi.gov.uk neo tadhailibh www.stirlingcastle.gov.uk

Gibhtean is Goireasan-bidh: Ann an 2 bhùth a' Chaisteil – an Lùchairt is Bùth nan Gibht na Liosa – gheibhear raon farsaing de chuimhneachain, leabhraichean is ghibhtean sàr-mhath. Cuideachd, tha Bùth Gibhte Clann & Ciùird, a tha ri taobh an Àilein, a' tairgsinn raon de bhìdh teth is fuar, greim-bidh is cèicichean, neo faodar roghainn an t-sèasain fhaotainn sa phrìomh cheàrnag, taobh a-muigh an Talla Mhòir.

Turasan Treòraichte: An lùib prìs ticeid gheibhear turas treòraichte den Chaisteal agus gabhaidh turas a bharrachd de Thaigh-loidsidh Fhear Earra-Ghàidheal a chur air dòigh air an làraich. Cuideachd an lùib prìs ticeid tha turasan le treòir-claisneachd ann an diofar chànan.

So-ruigsinneachd: Faodaidh luchd-tadhail aig a bheil duilgheadasan faighinn suas pàirtean casa no ceumannan a' chaisteil ar carbad-cùirteis a chleachdadh. Cha ruigear Gailearaidh Cinn Shruighlea, na Cidsinean meadhan-aoiseach, Tùr Elphinstone neo Taigh-Tasgaidh Rèiseamaidean Earra-Ghàidheal is Chataibh le cathair-cuibhle. Gheibhear mineachadh air cuid de na rudan nach ruigear anns a' Ghailearaidh Ruigsinneach, a tha ann an Crùislean a' Chaisteil.

Pàirce Chàraichean

Pàirce Bhusaichean

Taighean-beaga

Taisbeanadh air Eachdraidh

Ionad Luchd-turais

Taigh-bidh/cafaidh

Bùtha

Freagarrach airson Cathair-cuibhle

Taighean-beaga airson Ciorramaich

Ionad-piocnaic

Green Tourism Award

★★★★★

RUDAN RI FHAICINN IS RI DHÈANAMH

Faicibh taisbeanadh de dh'eachdraidh a' chaisteil 's lorgaibh prìomh dhaoine is thachartasan.

Dèanaibh annas de shàr-obair-chiùird **Cinn Shruighlea** tùsail sa ghailearaidh ùr aca.

Rannsaichibh **crùislean a' chaisteil** agus ionnsaichibh mu na caractairean sa chùirt.

Gabhaibh tlachd sa **Chaibeal Rìoghail** ghrinn a rinneadh an 1594, nuair a chaidh a thogail le Rìgh Seumas VI.

Gabhaibh iongnadh ris an **Talla Mhòr** mhòrail, an talla is motha a thogadh an Alba a-riamh, far an do chruinnich luchd-rìoghail is uaislean airson chuirmeancheilearaidh mhòra.

Faighibh blas de bheatha an 16mh linn sna **cidsinean meadhan-aoiseach** far an rachadh biadh a dheasachadh do dh'fhèistean struidheil san Talla Mhòr.

Lorgaibh eachdraidh Rèisimidean Earra-Ghàidheal is Chataibh ann an **taightasgaidh nan rèisimidean**.

Tadhailibh air an **ionad-tapastraidh**, far a bheil buidheann dhìcheallach de dh'fhigheadairean a' cur sreath thapastraidhean ri chèile airson an crochadh san Lùchairt.

Gabhaibh turas treòraichte ann an **Taigh-loidsidh Fhear Earra-Ghàidheal**, taigh-baile bòidheach Iarlaichean Earra-Ghàidheal.

LORGAIBH AN LÙCHAIRT

Sa bhliadhna 2011 chrìochnaich Alba Aosmhor pròiseact £12m ath-ùrachaidh Lùchairt Sheumais V taobh a-staigh Caisteal Shruighlea. Faodaidh luchd-tadhail a-nist tlachd a ghabhail ann an sàr-mhaise nan ionadan-còmhnaidh mar is dòcha a bha iad ann am meadhan an 16mh linn nuair a bha Màiri de Guise a' fuireach ann le nighean, Màiri Banrigh nan Albannach.

COINNICHIBH RI LUCHD-CLEASACHD

Bidh sgioba tàlantach de caractairean ann an culaidh aosta a' toirt eachdraidh dhruidhteach Caisteal Shruighlea beò le sgeulachdan air beatha làitheil agus cluaineireachd Luchd-Rìoghail o Chùirt nan Stiùbhartach.



LORGAIBH ALBA AOSMHOR

Ma tha sibh a' siubhal mun cuairt na h-Alba, tha 'Cead Neach-lorg' a' toirt cothrom faighinn a-steach gu gach ionad-tadhail aig Alba Aosmhor, Caisteal Dhùn Èideann nam measg.

Faighnichibh mu dheidhinn 's sibh ann.

